



SEACHDAIN NA GÀIDHLIG
WORLD GAELIC WEEK

Maoin nan tabhartasan beaga 2023

Cuspair-deuchainnean is stiùireadh

[Available in English here](#)

SEACHDAINNAGÀIDHLIG.SCOT



Foir-shealladh

Is Bòrd na Gàidhlig a tha a' cur taic ri maoin nan tabhartasan beaga aig Seachdain na Gàidhlig agus tha e fosgailte do dhaoine fa leth, buidhnean coimhearsnachd agus buidhnean. Tha a' mhaoin a' cur taic ri gnìomhachdan rè Seachdain na Gàidhlig 2023 (20mh gu 26mh dhen Ghearran) agus ri leasachadh is lìbhrigeadh de thachartasan coimhearsnachd a chomharraicheas a' Ghàidhlig. 'S e "a' tighinn còmhla" an cuspair againn ann an 2023 agus tha sinn a' sireadh phròiseactan a chuireas an cuspair seo ann an teis-meadhan an tachartais.

Cò nì tagradh?

Is urrainn do dhaoine fa leth (18 a dh'aois no nas sine), buidhnean saor-thoileach is buidhnean proifeiseanta tagradh a chur a-steach.

Feumaidh iad dearbhadh, ma dh'iarrar seo orra, gun do rinn iad obair às leth na Gàidhlig roimhe agus/no an dealas aca dhan chànan. Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig an tagraiche.

Am plana tagradh

Tha a' mhaoin fosgailte do dhuine sam bith o àite sam bith aig a bheil beachd-smuaint no pròiseact a bhrosnaicheas cleachdadh is leasachadh na Gàidhlig. Cha leig a' ghnìomhachd a bhith gu tur tro mheadhan na Gàidhlig ach bu chòir dhan Ghàidhlig a bhith aig a chridhe, ge b' e cothrom cànan a chleachdadh no plathadh dhi fhaighinn no rudeigin coltach ris a bhios ann.

Is iad seo amasan na maoin:

1. Ùidh agus com-pàirteachas sa Ghàidhlig a bhrosnachadh.
2. Barrachd chothroman a chruthachadh plathadh dhen Ghàidhlig fhaighinn.
3. Lìonra nan daoine a tha an sàs na Gàidhlig a neartachadh is a leudachadh.
4. Ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh, gu h-ionadail, san dùthaich agus air feadh an t-saoghail.
5. Comharraich an cuspair a' tighinn còmhla tro mheadhan na Gàidhlig.

Am plana tagradh (ri leantainn)

Nì sinn beachdachadh air tagradh sam bith agus tha sinn ro-thoilichte a' mhaoin a tha ri làimh a sgapadh air feadh iomadh àite. Seo grunn eisimpleirean de thachartasan is gnìomhachdan a bhiodh iomchaidh: pop-up Gàidhealtachd; cafaidhean cànan; geamaireachd air loidhne; pròiseactan sgoile; cèilidhean is cuirmean-ciùil; buidhnean làmh-cheàrdan. Ma tha thu airson bruidhinn rinn mun bheachd-smuaint agad, bhiomaid ro-thoilichte sin a dhèanamh 's cha leig thu leas ach fios a chur thugainn aig admin@seachdainnagaidhlig.scot.

Bu chòir do thagraiche sam bith cuimhneachadh nach eil maoin eachadh gun chrìoch againn agus nach urrainn dhan mhaoin taic a chur ri gach pròiseact ged a bhiodh iad airidh air. Bu chòir do thagraichean sealltainn mar a bhrosnaicheadh a' ghnìomhachd a tha nam beachd cleachdadh is leasachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ionadail aca agus mholamaid gu mòr gun sirear taic-airgid o thùsan eile agus taic stuthail cho fad 's is urrainn dhaibh.

An aire:

- Cha bheachdaich sinn ach air tagraidhean airson tachartasan is gnìomhachdan a tha gu bhith ann rè Seachdain na Gàidhlig 2023 (20mh gu 26mh dhen Ghearran).
- 'S e tagradh cuimir as fheàrr ach tha e riatanach gun toir thu fiosrachadh gu leòr dhuinn ach an urrainn dhuinn measadh a dhèanamh air an tagradh agad.
- Smaoinich gu cùramach mun bhuidsead agad agus a bheil na cosgaisean is an teachd a-steach a tha fa-near dhut iomchaidh. Thoir seachad uiread a mhion-fhiosrachadh as urrainn dhut is dèan cinnteach gun cuir thu thugainn buidsead cothromaichte. Bu chòir dha co-dhiù 20% a theachd a-steach no taic-airgid o thùsan eile a bhith ann – can do thabhartas fhèin no tabhartas o àiteigin eile. Faodar taic stuthail a ghabhail a-staigh san àireamh cuideachd – mar eisimpleir an ùine a bheir thu seachad air a' phròiseact aig reat uairean a thìde. Cuir ann mion-fhiosrachadh mu theachd a-steach o thùsan eile mar phàirt dhen bhuidsead chothromaichte agad.
- Ma tha thu a' dol a dh'fhastadh luchd-ealain, luchd-teagaisg no luchd-sgil, feumaidh tu dearbhadh gu bheil thu a' toirt seachad tuarastal cothromach agus/no na reataichean àbhaisteach sa ghnìomhachas (Aonadh an Luchd-chiùil, Equity is msaa). Tha fhios gum bi cuid a luchd-ealain/luchd-sgil àraidh...

Am plana tagradh (ri leantainn)

- ... deònach obair mar seo a dhèanamh air reat nas saoire no fiù an-asgaidh. Mas ann mar seo a tha a' chùis, bu chòir dhut mìneachadh nad thagraidh gu bheil iad airson seo a dhèanamh agus bu chòir dhan bhuidsead agad na nì neach-ealain/neach-sgil a shealltainn mar thaic stuthail, a' gabhail a-staigh an diofair eadar an reat àbhaisteach sa ghnìomhachas agus na gheibh iad de thuarastal uatsa.
- Ged is e £500 an tabhartas as motha a gheibhear mar is trice, bhiomaid fada nad chomain mur an iarradh tu ach an dh'fheumas tu. Bidh cothrom aig barrachd choimhearsnachdan air buannachdan na maoin a tha ri làimh air an dòigh seo.
- Faodaidh tagraichean barrachd air aon phròiseact a chur thugainn ach thoir an aire nach toir sinn seachad ach aon tabhartas do gach tagraiche a ghnàth.

Chan urrainn dhuinn maoin a thoirt seachad airson acainnean a cheannach no cosgaisean calpa.

Pròiseas an tagraidh

Faodaidh gach tagraiche tagradh a chur a-steach airson suas ri £500. Beachdaichidh sinn air tagraidhean a tha seachad air £500 mas e tagradh neo-àbhaisteach a th' ann ach bu chòir do thagraichean mar seo fios a chur thugainn cho luath 's a ghabhas ach an urrainn dhuinn an tagradh aca a dheasbad.

Seo am fiosrachadh a dh'fheumas tu airson an tagradh a choileanadh:

1. Prìomh neach-conaltraidh
2. Ainm a' bhuidhinn (ma tha seo iomchaidh)
3. Post-d/fòn airson conaltradh
4. An t-ùghdarras ionadail far am bi am pròiseact a' dol
5. Ainm a' phròiseict
6. Ceann-là 's àm a' phròiseict
7. Tuairisgeul goirid air a' phròiseact (suas ri 100 facal)
8. Dè an taic-airgid a tha am buidheann agad a' sireadh?
9. Dè nì am pròiseact agad / ciamar a bheir thu gu buil e? (suas ri 500 facal)

Pròiseas an tagraidh (ri leantainn)

10. Ciamar a thàlaidheas am pròiseact agad buill dhen phoball ann? (suas ri 250 facal)
11. Ciamar a bhrosnaicheas am pròiseact agad a' Ghàidhlig? (suas ri 250 facal)
12. Dè an dìleab no a' bhuidh a bhios aig a' phròiseact seo nad choimhearsnachd? (suas ri 250 facal)
13. Am bi am pròiseact tro mheadhan na Gàidhlig air fad no san dà chànan?
14. Mion-fhiosrachadh mu thùsan eile às am faigh am pròiseact agad maoineachadh (a' gabhail a-staigh maoineachadh stuthail)?
15. Fiosrachadh a' chunntais banca
16. Fiosrachadh iomchaidh sam bith eile no sgrìobhainnean taice

'S e 30mh dhen t-Samhain 2022 an ceann-ama deireannach airson gach tagradh.

Cuiridh Seachdain na Gàidhlig fios do gach tagraiche soirbheachail am broinn 4 seachdainean on cheann-ama deireannach gu h-àrd. Gheibh tagraichean soirbheachail litir mun tairgse a dh'innseas mar a thèid a' mhaoin a phàigheadh agus cumhaichean a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ris an tairgse. Ma thig atharrachadh sam bith air plana pròiseict an dèidh làimhe, feumar an cur, ann an sgrìobhadh, gu Seachdain na Gàidhlig.

Cumaidh Seachdain na Gàidhlig sìor thaic do gach tagraiche soirbheachail. Tha diofar ghoireasan againn, a' gabhail a-staigh teampaidean airson postairean is grad-naidheachdan a tha feumail ann am planadh is lìbhrigeadh nam pròiseactan agad fhèin. Nochdaidh gach pròiseact a fhuair maoineachadh ann am mìosachan nan tachartasan againn air seachdainnagaidhlig.scot agus feumaidh gach pròiseact a fhuair maoineachadh suaicheantasan Seachdain na Gàidhlig is Bòrd na Gàidhlig a gheibh iad uainn a shealltainn anns na stuthan margaideachd fiosaigeach is air loidhne air fad. Feumar gach tachartas a chur gu portal-lìn www.cleachdi.scot. Mholamaid do thagraichean grèim fhaighinn (an-asgaidh) air stuthan marsantachaidh #cleachdi agus an cleachdadh sa phròiseact aca.

Bidh Seachdain na Gàidhlig a' sparradh air gach tagraiche soirbheachail sùil a chumail air a' ghnìomhachd aca agus luachadh a dhèanamh air, a' gabhail a-staigh...

Pròiseas an tagraidh (ri leantainn)

... aithisg dheireannach a chur thugainn am broinn mìos an dèidh crìoch a' phròiseict. Dh'fhaoidte cuideachd gun cuir sinn cuid a phròiseactan a bh' againn roimhe fon phrosbaig air an làrach-lìn againn ach am faic daoine dè seòrsa de phròiseactan ris an cuir a' mhaoin taic. Mar phàirt dhen pròiseas luachaidh againn, iarraidh sinn ort gun dèan thu measadh air buaidh a' phròiseict agadsa a-rèir nan tomhasan a leanas:

- “Fhuair mi brosnachadh sa phròiseact/san tachartas seo Gàidhlig a chleachdadh nas trice”
- “Thàinig piseach air mo chuid Ghàidhlig an cois a' phròiseict/an tachartais seo”
- “Tha beachd nas daingne agam an cois a' phròiseict/an tachartais seo gu bheil a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba”

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean o raon iomadach de choimhearsnachdan agus nì sinn cinnteach gum bi co-ionannachd an lùib nan gnìomhachdan a mhaoinicheas sinn.

'S e panail de chomhairlichean a dh'aontaicheas na tabhartasan san Dùbhlachd agus gheibh na tagraichean fios air an 19mh dhen Dùbhlachd air a' char as fhaide. Gheibh tagraichean soirbheachail taic a bharrachd o Sheachdain na Gàidhlig mar chom-pàirtichean lìbhrigidh againn. Tha coltas gum faigh sinn barrachd thagraidhean a bhiodh airidh air maoineachadh na bhios de mhaoin againn. Mur an soirbhich le tagradh, bheir sinn seachad ar beachd air an tagradh agus carson nach do shoirbhich leotha. Gu mì-fhortanach, leis a bhios againn de thagraidhean, chan urrainn dhuinn beachdan a bharrachd a thoirt seachad mu na tagraidhean agus 's e co-dhùnadh deireannach a bhios anns na cho-dhùin a' phanail.

Mur eil thu cinnteach am bi rudeigin airidh air maoineachadh no airson taic le coileanadh an tagraidh, cuir do cheist gu Sheachdain na Gàidhlig air 07595175099 no air a' phost-d aig admin@seachdainnagaidhlig.scot.

